

Brath-ullachaidh airson na Comataidh Com-pàirteachadh Shaoranach agus Athchuingean Poblach air athchuinge [PE2098](#): Lìbhrigibh maoinachadh riatanach don Ghàidhlig gus am bi i seasmhach san àm ri teachd, air a cur a-steach le Màrtainn Mac a' Bhàillidh às leth Misneachd

Geàrr-chunntas air na cùisean a thog an athchuinge

Tha an athchuinge a' sireadh àrdachadh ann an tabhartas bliadhnail Riaghaltas na h-Alba do Bhòrd na Gàidhlig.

Tha a' Phàrlamaid an-dràsta a' beachdachadh air [Bile nan Cànan Albannach](#) aig Ìre 1. Tha maoinachadh a' Bhùird air a mhìneachadh mar loidhne Ìre 4 sa bhuidseat agus air a liostadh ann an raon ùghdarras Foghlaim is Sgìlean. O chionn ghoirid ghluais an raon poileasaidh seo gu raon ùghdarras an Leas Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Eaconamaidh is Gàidhlig, Ceit Fhoirbeis BPA.

Maoinachadh don Ghàidhlig

Tha earrann ann am brath-ullachaidh Bile SPICe airson Bile nan Cànan Albannach air [maoinachadh Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhlig agus Scots](#). Mhinich seo—

“Ann an 2024-25, den £25.6 millean de mhaoineachadh ghoireasan ann am buidseat ghoireasan Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhlig, tha mu dàrna leth, £12.6 millean, a' dol gu Craoladh Gàidhlig – is e sin na tha Riaghaltas na h-Alba a' cur ri MG Alba. 'S e £5.1 millean am maoinachadh do Bhòrd na Gàidhlig.

Thar an deicheid mu dheireadh tha maoinachadh dìreach Riaghaltas na h-Alba do Scots is Gàidhlig air fuireach an ìre mhath aig an aon ìre a thaobh sùim airgid, a' ciallachadh gearradh ann an da-rìribh de mun chòigeamh cuid. Thig maoinachadh airson na Gàidhlig cuideachd bho thùsan eile leithid ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta (m.e. Alba Chruthachail, Foghlam Alba).

Tha an athchuinge ag amas air an taic-airgid do Bhòrd na Gàidhlig. Airson còrr air deich bliadhna, tha buidseat bliadhnail a' Bhùird air fuireach aig £5.1 millean.

Gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig

Stèidhich [Achd na Gàidhlig \(Alba\) 2005](#) Bòrd na Gàidhlig. Is e am Bòrd a' phrìomh bhuidheann phoblach ann an Alba a tha an urra ri leasachadh na Gàidhlig a chur air adhart agus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig.

Mhìnich [co-chomhairle Riaghaltas na h-Alba](#) ro Bhile nan Cànan Albannach obair a' Bhùird an-dràsta—

“S urrainn geàrr-chunntas a dhèanamh air gnìomhan coitcheann Bhòrd na Gàidhlig, a rèir mìneachadh Achd 2005, mar a bhith a' buntainn ri Gàidhlig, foghlam na Gàidhlig is cultar na Gàidhlig. Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig cleachdadh is tuigse a' chànain a bhrosnachadh is a chomasachadh. Tha gnìomhan aig Bòrd na Gàidhlig gus comhairle a thoirt mu chànain, foghlam is cultar do Mhinistearan Albannach is buidhnean poblach eile. Cuideachd tha cumhachdan aig Bòrd na Gàidhlig comhairle a thoirt a rèir iarrais do dhaoine eile air cùisean a bhuineas ri cànan, foghlam is cultar na Gàidhlig.

Tha cuideachd dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig ceangailte ri planaichean Gàidhlig is ullachadh a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig. 'S urrainn dhan Bhòrd iarraidh air buidhnean poblach Plana Gàidhlig ullachadh a bhios a' mìneachadh dè a nì a' bhuidheann às leth na Gàidhlig, 's urrainn dhaibh susbaint a' phlana aontachadh leotha is aithisgean iarraidh mu adhartas is buileachadh a' phlana. Feumaidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd Stiùireadh ullachadh air planaichean Gàidhlig is foghlam Gàidhlig. Tha pàirt chudromach den mhaoineachadh a tha suidhichte le Bòrd na Gàidhlig air a roinneachadh leotha tro ghrantaichean gu buidhnean is pròiseactan eile ceangailte ri taic don Ghàidhlig.

A rèir Achd 2005 bu chòir na gnìomhan builichte air Bòrd na Gàidhlig a bhith air an cur an gnìomh le sealladh air inbhe na Gàidhlig a ghlèidheadh mar chànain oifigeil na h-Alba a gheibh spèis co-ionann ris a' Bheurla tro bhith ag àrdachadh na h-àireimh de dhaoine as urrainn Gàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn.”

Tha Bile nan Cànan Albannach a' moladh atharrachadh air gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig. Bheireadh am Bile air falbh an dleastanas bhon Bhòrd gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh ach chruthaich e dleastanasan a bharrachd dhan bhuidhinn.

Tha cuid mhath den airgead don Bhòrd air a sgaoileadh ann an cruth thabhartasan gus taic a thoirt don chànain ann an coimhearsnachdan. Tha an [aithisg bhliadhnaile as ùire aig Bòrd na Gàidhlig a' buntainn ri 2022-23](#). Thuir seo gur e £5.735 millean an tabhartas-gus-cuideachadh iomlan (GIA) bhon Riaghaltas anns a' bhliadhna sin – nas àirde na an £5.125 millean a chaidh aithris ann am buidseat Riaghaltas na h-Alba. Bha £1.754 millean (31% den GIA iomlan) airson cosgaisean ruith, chaidh £2.729 millean (48% de GIA) a

riarachadh gu “maoin airson leasachadh na Gàidhlig”, agus chaidh £1.252 millean a riarachadh gu “Maoin Buileachaidh nam Planaichean Gàidhlig” - is iad na Planaichean Gàidhlig na planaichean a bhios ùghdarrasan poblach a’ deasachadh.

Ann am fianais don [Chomataidh Foghlaim, Cloinne agus Dhaoine Òga air 15 Cèitean 2024](#), thuirt Ceannard a’ Bhùird—

“Tha sinn dìreach air airgead a sgaoileadh às a’ mhaoin choimhearsnachd againn: cha b’ urrainn dhuinn ach 39 sa cheud de na h-iarrtasan a thàinig a-steach a mhaoineachadh, agus tha ar cridhe briste a’ coimhead air cò na buidhnean a dhiùlt sinn. Tha iarrtas agus miann ann a’ Ghàidhlig a thoirt air adhart nar coimhearsnachdan, ach chan urrainn dhuinn an taic a tha a dhìth air a’ choimhearsnachd a thoirt seachad.” (Col 33)

Tha briathran na h-athchuinge a’ nochdadh freagairt Bhòrd na Gàidhlig [do ghairm bheachdan Comataidh an Ionmhais is Rianachd Phoblaich air Bile nan Cànan Albannach](#). Thuirt seo—

“Tha am buidseat a chaidh a riarachadh do Bhòrd na Gàidhlig airson 2024-25, aig £5.125M, mu £5M gann air a’ mhaoineachadh a bhiodh ri fhaighinn nan deigheadh ìre maoineachaidh 2007 a chumail suas. Ag atharrachadh a’ bhuidseit a rèir na h-àireimh as ìsle de dh’atmhorachd an taca ri tasgadh sam bith a bharrachd, bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig mu £8.5 millean fhaighinn sa bhliadhna, mar sin, tha gach bliadhna far a bheilear a’ lìbhrigeadh buidseat gun àrdachadh a’ nochdadh gearradh dha-rìribh ann an stòras, agus chithear a’ bhuidhe air feadh choimhearsnachdan Gàidhlig. Gu sìmplidh, tha Bòrd na Gàidhlig a’ fulang gearradh maoineachaidh.”

Meòrachan Ionmhais Bile nan Cànan Albannach

Tha am [Meòrachan Ionmhais](#) (“FM”) a’ cur an cèill nan cosgaisean a bharrachd ris a bheil dùil a thig bho Bhile nan Cànan Albannach. Uile gu lèir, thathas a’ meas gun cosg am Bile timcheall air £700,000 thairis air còig bliadhna. Tha an FM ag ràdh—

“Is e prìomh bhuidhe ullachaidhean a’ Bhile atharrachadh gnìomhachd, ag ath-stiùireadh oidhirp agus aire. Chan eil Riaghaltas na h-Alba den bheachd gu bheil ullachaidhean a’ cruthachadh chosgaisean gu tur ùr no riatanas airson caiteachas gu tur ùr.” (FM Para 13)

Dh’fhaighnich [Comataidh an Ionmhais is Rianachd Phoblaich don Riaghaltas ciamar a thèid amasan a’ Bhile](#), “gus tuilleadh taic a thoirt do chànanan dùthchasach na h-Alba, a’ Ghàidhlig agus Scots”, a choileanadh leis a’ mhaoineachadh a bharrachd a tha air a mhìneachadh san FM.

B’ i [freagairt an Riaghaltais](#)—

“Tha mi mothachail gu bheil airgead mòr ann airson taic a thoirt do dh’ullachaidhean a’ Bhile ach tha mi a’ cluinntinn na tha coimhearsnachdan nan cànanan ag ràdh mu fheum air barrachd stòrais. Tha mi ag aideachadh gum bithear a’ miannachadh seo ann an suidheachadh ionmhais nas fhasa. Tha ìrean cudromach fhathast rim beachdachadh leis a’ Bhile seo, leithid dreachdadh ro-innleachdan agus bun-inbhean agus mar a bhuineas iad ri Sgìrean Cànan Cudromach, mar eisimpleir. A thaobh seo, cumaidh sinn sùil air adhartas, nì sinn cinnteach gu bheil deagh structairean ann agus gun tachair buileachadh leis na stòrasan a tha rim faighinn.”

Air 20 Màrt 2024, dh’aontaich a’ Phàrlamaid gum biodh beachdachadh air Bile nan Cànan Albannach aig Ìre 1 crìochnaichte ro 20 Sultain 2024.

Ned Sharratt
Neach-rannsachaidh SPICe

30/05/2024

Is e adhbhar a’ bhrath-ullachaidh seo geàrr-chunntas a thoirt seachad air na cùisean a thog an athchuinge. Chan urrainn do eòlaichean rannsachaidh SPICe bruidhinn mu na tha ann am brathan-ullachaidh athchuinge le luchd-athchuinge no buill eile den phoball. Ach, ma tha beachd sam bith agaibh air brath-ullachaidh athchuinge sam bith, faodaidh sibh post-d a chur thugainn aig spice@parliament.scot

Bithear a’ dèanamh a h-uile oidhirp gus cinnteachadh gu bheil am fiosrachadh ann am brathan-ullachaidh athchuinge ceart aig àm foillseachaidh. Bu chòir do luchd-leughaidh a bhith mothachail ge-tà nach eil na brathan-ullachaidh seo an-còmhnaidh air an ùrachadh gus atharrachaidhean às dèidh làimh a shealltainn.

Air fhoillseachadh le Ionad Fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba (SPICe), oifis de Bhuidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann, EH99 1SP